 This cov - e - nant sure, ap - proved by heaven, Secure shall ever a - bide,



{ m₁ | l₁ : t₁ : l₁ | d : - : r | m : - : d | r : m : s | m : - : d | r : d : t₁ | l₁ : - : - | : ||
 'Se t'fhaotalann air leimh le gradh gach caraid Rinn slàin - te maireann a'm chrè.
 And since with good-will thy hand was given, I thrill with pleasure and pride,

Bheirinn mo phòg do'n òg mhnai shomalt'
 A dh' fhàs gu boinneanta, caoin,
 Gu mìleant, còmhnard, seocail, foinnidh,
 Do chòimbradh gheibh mi gu saor:
 Tha mi air sheòl gu leòir a'd' chomain
 A' bhòid 's a chuir thu gu faoin
 Do m' smaointean gòrach pròis nam boireannach,
 'S còir dhomh fuireach le h-aon.

Chaidh mi do'n choill' an robh croinn is gallain,
 Bu bhoisgeil sealladh mu'n cuairt,
 'S bha miann mo shùl do dh' fhiuran barraicht
 An dlùthas nam meanganan suas;
 Geug fo bhlàth o bàrr gu talamh,
 A lub mi farasda nuas,
 Bu duilich do chàch gu bràch a gearradh
 'S e'n dàn domh 'm faillean a bhuain.

My love to my bride, with dear caresses
 And pride, shall ever be shown;
 Each virtue most rare her soul possesses,
 And fair and sweet has she grown.
 My thoughts used to rove in boyish folly,
 Ere ever her love I had known;
 But, now I 'm her own, my heart is wholly
 My darling's alone—alone.

Where woodlands are green with trees well
 A scene of beauty to view, [nourished,
 I found, with delight, one stem that flourished,
 Of bright and beautiful hue:
 That bough from above, desiring greatly,
 With love unto me I drew;
 None else could have moved that tree so stately,
 'Twas only for me that it grew.

A song to his newly wedded spouse, by D. (Bàn) M'INTYRE; translation by L. MACBEAN. Other forms of this fine air will be found in *Sacred Songs of the Gael*, *The Thistle*, and Capt. FRASER'S Collection.

19—CHA TILL E TUILLE—LAMENT FOR MAC CRIMMON.

KEY F. { r | l : - : s | l : - : r | l : t : l | s : m : r | l : - : s | l : - : m | s : m : d | m : r }
 Dh'fadh ceo nan stùe mu'eu - dann Chuilinn, Is sheinn 'bhean-shith a torman m'ulaid,
 O'er Coolin's face the night is creeping, The banahie's wall is round us sweeping;

{ m | l : - : s | l : - : r | r' : d' : t | l : r : m | s : - : l : s | m : - : d' | s : d : r | m : r }
 Gorm shuilean ciùin 's an Dùin a sìleadh, O'n thrial thu uainn 's nach till thu tuille!
 Blue eyes in Duin are dim with weeping, Since thou art gone and ne'er re - turnest.

{ d | s : - : d | l : - : d | s : - : m | r : d : d | d : - : r : d | d' : - : s | d' : - : l | l : s }
 SEISD—Cha till, cha till, cha till Mac Crìomhainn, An cogadh no sìth cha till e tuille,
 CHORUS—No more, no more, no more returning, in peace nor in war is he returning;

{ s | s : - : l : t | d' : - : s | l : - : l | s : m : d | f : - : m : f | s : - : m | r : - : m | r : d }
 Le alrgiod no nì cha till Mac Crìomhainn, Cha till e gu brath gu la na cruinne.
 Till dawns the great Day of Doom and burning, Mac Crimmon is home no more returning.

The osag nam beann gu fann ag imeachd,
 Gach sruthan 's gach allt gu mall le bruthach,
 Tha ealtainn nan speur feadh geugan dubhach,
 A caoidh gu'n d' fhalbh 's nach till thu tuille.

Tha'n fhairege fa dhèidh lan bròin is m'ulaid,
 Tha'm bàta fo sheol, ach dhiult i siubhal;
 Tha gàirich nan tonn le fuaim neo-shubhach,
 Ag radh gun d' fhalbh 's nach till thu tuille.

Cha chluinnear do cheol 's an Dun mu fheasgar,
 'S mac-talla nam mur le m'hirn 'ga fhreagairt,
 Gach fleasgach is dhìgh gun cheòl, gun bheadradh,
 O'n thrial thu uainn 's nach till thu tuille.


The breeze of the bens is gently blowing,
 The brooks in the glens are softly flowing;
 Where boughs their darkest shades are throwing,
 Birds mourn for thee who ne'er returnest.

Its dirges of woe the sea is sighing,
 The boat under sail unmoved is lying;
 The voice of the waves in sadness dying,
 Say, thou art away and ne'er returnest.


We'll see no more Mac Crimmon's returning,
 Nor in peace nor in war is he returning;
 Till dawns the great day of woe and burning,
 For him, for him there's no returning.

Composed on the departure of DONALD MAC CRIMMON, piper to the Laird of MAC LEOD, in 1745. He never returned. The verses were composed by his sister; translation by L. MACBEAN. This beautiful set of the melody appears, with harmony and accompaniment, in *The Thistle*.


20—OISEAN IS MALMHINE—OSSIAN AND MALVINA.



KEY F. { d : d | d :-r | m : r | d :- | r : r | l :-se | l : s.f | f :- | f : f | l :-s | s : m | m :- }
 'Se guth ciùin mo rùin a th' ann, 'S ainmic thu gu m'aisling fein; Fosglaihb sibhs' bhuir talla thall,
 'Tis my lover's tones that call, In my dreams they seldom rise; O - pen wide your azure hall,



{ d : d | r :-m | d :-t, | l, :- || m : l | l :-se | m : se | l :- | d : d | l :-s }
 Shinnse Thoscailr, nan ard speur. 'Se do chomhnuidh-s' m'anam fein, A shil Oiscin,
 Race of Tos - car in the skies. Thou dost dwell within my soul, Son of Ossian,



{ f : s.f | m :- | d : d | l :-s | s : m | m :-r | d : d | r :-m | d :-t, | l, :- }
 's treine laimh, Eiridh m' osnadh moch gun fheum, Mo dheoir mar shileadh speuran àrd.
 might - y chief; Like heaven's rain my tears down roll, Every morn renews my grief.

Bu chrann aillidh mi, threine nan seod,
 Oscailr chorr, le geugaibh cùbhr';
 Thainig bàs mar ghaoth nan torr;
 Thuit fo sgeith mo cheann fo smùr.
 Thainig earrach caoin fo bhraon,
 Cha d'eirich duilleag fhaoine dhuinn fein;
 Chunnaidh oigh mi fo shamhchair thall,
 Bhuail iad clarsaiche mall nan teud.

OISEAN:

Caoine am fonn 'na mo chluais fein,
 Nighean Latha, nan sruth fiar,
 'N cuail thu guth nach 'eil beo 's a bheinn
 An aisling, ann do chodail ciar?
 Nuair thuit cìos air do shuilibh mall
 Air bruachan Mòrshruth nan toirm beur',
 Nuair thearnadh leat o sheilg nan càrn,
 An latha ciùin, ard ghrian 's an speur.

Chual tu 'n sin bàrda nam fonn,
 'S taitneach ach is trom do ghuth;
 'S taitneach, Mhalmhine nan sonn,
 Leaghaidh bròn an bochd anam dubh.
 Tha aobhneas ann am bron le sìth
 Nuair shuidhicheas àrd strì a bhròin;
 Caithidh cumha tursaich gun bhrìgh
 Gann an lài' an tìr nan seòd.

I was once a stately tree,
 My fair boughs were Osear's pride,
 But his death soon blighted me,
 And my blossoms drooped and died.
 Spring returned with flower and leaf,
 But no leaf on me was found;
 Virgins saw, my silent grief,
 Struck the harp of softest sound.


OSSIAN:

Sweet the music in my ears,
 Maid from Latha's winding streams,
 Has the voice of other years
 Sounded fondly in thy dreams?
 When, descending from the chase,
 Thou by Moru's banks didst lie,
 Clapsed in slumber's soft embrace,
 'Neath the calm and sultry sky—


Melodies all faint and low,
 O Malvina, round thee stole;
 Sweet but sad thy tones, and oh!
 Sorrow melts the weary soul.
 There is joy in peaceful woe
 When subsideth sorrow's strife;
 Idle tears should cease to flow,
 Grief consumes the mourner's life.

Lines selected from the introduction to Ossian's poem of "Croma," and translation by L. MACBETH. This beautiful Ossianic air is preserved in Capt. FRASER'S collection.


21—AM BUAIREADH—THE TEMPTATION.



KEY: C. { s : d | d : s | l.s : f.m | s : d | d : s | m : d' | s : d | d : s }
 Thug mi mionnan mbr', (S còir an cumail daingean), Fuireach fad mo
 I have vowed a vow, Sworn an oath most drastic, That I shall from



{ l.s : f.m | f : r | r : m | f : l || d' : -.r' | d' : s | m.f : s.m | d' : -.r' }
 bheò Mar bu chòir do mhanach. || Falaich uam do ghnùis, ciurrar
 now Live a life mon - as - tic. Then oh, hide thy face, Turn a-



{ d' : d | m : s | d' : -.r' | m'.r' : d'.t | d' : s | l : r' | r' : r | f : l ||
 ml le dealan, Ead - ar gath do shùl 'S lubag - an na lannir. ||
 way the lightning of thy dazz - ling grace, And thy glances bright'ning.

Ni do mbala dhonn
 (Crom mar bhogha-saighead)
 Guin a chur am chom
 Ceart cho trom ri claidheamh.
 Tha do bhilean blath
 Tàladh a chum meallaidh;
 Dhuraiginn—ach, á!
 Cum iad as mo shealladh.


Fuirich, fuirich thall,
 Mu'n tog clann dhe t'anail;
 Iomairt ann am cheann
 Bheir fo gheall mi baileach.
 Cuiridh tu le d' bhoidhch',
 Mionnan mor as m' aire;
 Mur a fan thu fòil
 Gòisnichidh tu manach.

Lest thy bending brows
 Pierce my soul, and slay more
 Quickly than bent bows
 Or a shining claymore;
 Lest thy warm lips draw
 My heart to sweets forbidden;—
 I could wish—but, ah!
 Keep, oh, keep them hidden.


Keep thy breath away,
 Its fragrance round me stealing
 Sends my thoughts astray,
 And sets my brain a reeling.
 I am so beset
 With thy witching beauty,
 That I may forget
 Vows and sacred duty.

Song by "Kagar;"


22—EALAIH GHAOIL—A MELODY OF LOVE.



KEY E.D. f: d . d | r : r . m | r : m . s | l : s . l | r : m . f | s : m . r }
 SEISD—Air fail - ir - in, ill - ir - in, uill - ir - in, O, Air fail - ir - in, }
 CHORUS—Air fal - yir - in, eel - yir - in, ool - yir - in, O, Air fal - yir - in, }



{ d : r . m | s : m . r | d : d . m | s : s . m | s : s . s }
 uill - ir - in, uill - ir - in, O, Air fail - ir - in, uill - ir - in, }
 eel - yir - in, ool - yir - in, O, Air fal - yir - in, eel - yir - in, }



{ l : t . d' | r' : l . t | d' : t . l | s : l . d' | l . s : f . m | r ||
 uill - ir - in, O, Gur boldheach an comunn tha comhnuidh'n Strath-mor.
 ool - yir - in, O, For kingdom and friendship and bon - nie Strathmore.

Gur gile mo leannan
 Na'n eal' air an t-snamh,
 Na cobhar na tuinne,
 'S e tilleadh gu traigh,
 Na'm blath bhainne buaile,
 'S a chuach leis fo bharr,
 No sneachd nan gleann dosrach
 'G a fhroiseadh mu'n bhlar.

Mar na neoil bhuidhe lubas
 Air stuchdaibh nan sliabh,
 Tha cas-fhalt mo ruin-sa
 Gu siubhlach a sniomh;
 Tha gruaidh mar an ros
 Nuair a's boidheche bhios fhiamh
 Fo ur-dhealt a Cheitein
 Mu'n eirich a ghrian.

Nuair thig samhradh nan neoinean
 A comhdach nam bruach,
 Bi'dh gach coinean 's a chrochd-choill'
 A ceol leis a chuaich;
 'S bi'dh mise gu h-eibhinn
 A leumnaich 's a ruaig,
 Fo dhluth-gheugaibh sgailleach,
 A manran ri m' luaidh.

Not the swan on the lake,
 Or the foam on the shore,
 Can compare with the charms
 Of the maid I adore;
 Not so white is the new milk
 That flows o'er the pail,
 Or the snow that is shower'd
 From the brow of the vale.

As the cloud's yellow wreath
 On the mountain's high brow,
 So the locks of my fair one
 Redundantly flow;
 Her cheeks have the tint
 That the roses display
 When they glitter with dew
 In the morning of May.

When summer bespangles
 The landscape with flowers,
 And the thrush and the cuckoo
 Sing soft in their bowers,
 Through the wood-shaded windings
 With Bella I'll rove,
 And feast unrestrained
 On the smiles of my love.


The first verse of the Gaelic words is the composition of Mrs MACKENZIE of Balone. The rest, Gaelic and English, is by EWEN MACLACHLAN.

23—FEAR A BHATA—THE BOATMAN.

Slowly and tenderly.



KEY E₇. { (r) : r , m | f : d' . l : l , s . f | m : s . (l) : l . r | r : d . r : m . r | r , d . - : l , }
 'S tric mi | sealltuinn o'n chnoc a's | air - de, Dh'fheuch am faic mi fear a | bhà - ta, }
 I climb the mountains, and scan the o - cean For thee, my boatman, with fond de - vo - tion,
Seid.—Fhir a bhà - ta, na ho - ro ei - le, Fhir a bhà - ta, na ho - ro ei - le,
Chorus.—O, my boatman, na ho - ro ai - la, O, my boatman, na ho - ro ai - la,



{ (r) : r , m | f : s . f : m . r | f : s . (s) : l . d' | r' : d' . l : l , s . m | r : r . }
 {An tig thu'n diugh no an tig thu, maireach? 'S mur tig thu! i - dir gur truagh a, ta mi!
 When shall I see thee? to-day? to - morrow? Oh! do not leave me in lone - ly sorrow.
 Fhir a bhà - ta, na ho - ro ei - le, Gu ma slan duit's gach ait' an teid thu!
 O, my boatman, na ho - ro ai - la, Happy be thou where'er thou sailest!

Tha mo chridhe-sa briste, brùite;
 'S tric na deoir a ruith o m' shùilean;
 An tig thu nochd, no 'm bi mo dhùil riut?
 No 'n dùin mi 'n dorus, le osna thursaich?

'S tric mi foighneachd de luchd nam bàta,
 Am fac iad thu, no 'm bheil thu sàbhailt;
 Ach 's ann a tha gach aon diubh 'g ràite,
 Gur gòrach mi, ma thug mi gràdh dhuit.

Gheall mo leannan domh gun dhe 'n t-sìoda,
 Gheall e sìod agus breacan riomhach;
 Fainn' òir anns am faicinn lomhaigh;
 Ach 's eagal leam gun dean e dì-chuimhn'.

Ged a thuir iad gu'n robh thu aotrom,
 Cha do lughadaich sìod mo ghaol ort;
 Bi'dh tu 'm aisling anns an òidheche,
 Is anns a mhaduinn bi'dh mi 'g ad fhoighneachd.

Thug mi gaol duit 's cha 'n fhaod mi àicheadh;
 Cha ghaol bliadhna, 's cha ghaol ràidhe;
 Ach gaol a thòisich nuair bha mi 'm phàisde,
 'S nach searg a chaoidh, gun an claidh am bàs mi.

Tha mo chàirdean gu tric ag innseadh,
 Gu'm feum mi t'aogas a chur air dì-chuimhn';
 Ach tha 'n comhairle dhomh cho diomhain,
 'S bhi pillleadh mara 's i tabhairt lionaidh.

Bi'dh mi tuille gu tùrsach, deurach,
 Mar eala bhàn 's i an deigh a reubadh;
 Guileag bàis aic' air lochan feurach,
 Is cach uile an deigh a tréiginn.

Broken-hearted I droop and languish,
 And frequent tears show my bosom's anguish;
 Shall I expect thee to-night to cheer me?
 Or close the door, sighing sad and weary?

From passing boatmen I'd fain discover
 If they have heard of, or seen my lover;
 They never tell me—I'm only chided,
 And told my heart has been sore misguided.

My lover promised to bring his lady
 A silken gown and a tartan plaidie,
 A ring of gold which would show his semblance,
 But, ah! I fear me for his remembrance.


That thou'rt a rover my friends have told me,
 But not the less to my heart I hold thee;
 And every night in my dreams I see thee,
 And still at dawn will the vision flee me.

I may not hide it—my heart's devotion
 Is not a season's brief emotion;
 Thy love in childhood began to seize me,
 And ne'er shall fade until death release me.


My friends oft tell me that I must sever
 All thought of thee from my heart for ever;
 Their words are idle—my passion's swelling,
 Untamed as ocean, can brook no quelling.

My heart is weary with ceaseless wailing,
 Like wounded swan when her strength is failing,
 Her notes of anguish the lake awaken,
 By all her comrades at last forsaken.

24—AN GAOL TAIRIS—THE FAITHFUL LOVE.



KEY E^b. { $\underline{\underline{f}}$ | s : d : d | d : - : r : m | r : - : $\underline{\underline{f}}$ | s : m : s | l : - : s | s : - : }
 O! bhunaich sinn tairis 'n ar gaol, Fad bhliadhna bu chaochlach cuairt;
 Our love has been constant and bright, Nor changed with the changeful years;



{ $\underline{\underline{f}}$ | t | d' : - : t : l | s : - : f : m | r : - : $\underline{\underline{f}}$ | l : s : m | r : - : m | d : - : ||
 A sealbhachadh aoibhneis a cheil' 'S a measgnadh ar deur 's ar smuairn.
 Each glad in the oth - er's delight, And mixing our cares and tears.

'S nuair dh' fhair'inn-sa mulad no beud
 Ghrad thigeadh o'd bheul dhomh fòir,
 Oir dh' iompaicheadh d'fhailte gun phleid
 Gach duibhre gu leus thra-nòin.

'S tric aighear 'us subhachas daond'
 A tionndaidh gu aoigh a bhròin,
 Mar thuirlingeas duilleach nan craobh
 A's t-fhoghar, 's an raon fo chòd.

Ge minic a dh'fhiosraich sinn daor
 A mhalairt so, ghaoil, fo leòn,
 Gur h-eòl dhuinn le cheil' air gach taobh
 A h-aon nach d'rinn aom o'n nòs.

O! bhunaich sinn tairis 'nar gaol
 Fad bhliadhna bu chaochlach cuairt,
 A sealbhachadh aoibhneis a cheil'
 'S a measgnadh ar deur 's ar smuairn.

Is caidreamaid dochas gun géill
 Na shiubhail d' ar ré do'n chòrr;
 Co-phàirticheams' acain do chleibh
 'Us gabh-s' air m' uil' eibhneis còir.

Had I ever a trouble or grief
 But your help and caresses came soon?
 Your kindness still brought me relief,
 And changed all my darkness to noon.

Earth's rosiest pleasures one sees
 Oft turn to the pallor of pain,
 As when autumn dismantles the trees,
 And makes barren and bleak the plain.

Our joys into griefs thus to run,
 My darling, too often we knew;
 But each of us still knew of one
 That was always found tender and true.

Our love has been constant and bright,
 Nor changed with the changeful years,
 Each glad in the other's delight,
 Aye mixing our troubles and tears.

Then, dear, let us hope the worst part
 Of our life is the part that is flown;
 Let me share all the woes of your heart,
 And make all my gladness your own.

25—CUMHA MHIC-AN-TOISICH—MACKINTOSH LAMENT.

KEY B $\flat$ { m : - : r | m : - : - | m : - : r | d : - : - | r : - : r | m : - : - | r : - : d | l : - : - }

Och nan och! leag iad thu, Och nan och! leag iad thu,
Och nan och! thou art low, Och nan och! tale of woe,

S { d : - : l | d : - : r | d : - : l | s : - : l | d | r : - : d | r | m : - : m | r : - : - | d : - : - }

Och nan och! leag iad thu, 'M beal ach a ghar - aith;
Leag an t-each barr - fhionn thu, 'M beal ach a ghar - aith.
Sad thy fate, laid so low, Laid where they slew thee;
'Twas thy proud charg - er's force Mad - ly that threw thee.

D.S.

{ m : - : r | m | s : - : m | m : - : r | d | d : - : - | r : - : d | r | m : - : r | d | r : - : d | l | l : - : - }

Leag an t-each barr - fhionn thu, Leag an t-each barr - fhionn thu,
'Twas thy wild war - like horse, In his fierce fier - y course,

Is mise 'bhean mhuladach,
'Giulan na curraice,
O'n chuala gach duine,
Gur ann 'na mhullach bha 'm fabhar.
'S i maighdeann ro dhubbach,
Nach fhainichear tuilleadh mi,
O'n taca so 'n-uiridh,
O'n la chuireadh am fainn' orm.
'S mis' tha gu tursach,
'S tric snidh air mo shuilean,
'S mi 'g ionndrainn an fhiurain,
Marcaich ùr 'nan steud aluinn.
Cha teid mi gu bannais,
Gu feill no gu faidhir,
Gur ann toiseach an earraich,
Fhuair mi 'n t-saighead a chraidh mi!

Marcaich' an eich leumnaich dhuibh!
Leumnaich dhuibh! leumnaich dhuibh!
Marcaich' an eich leumnaich dhuibh!
Reub an t-each bàn thu!
Eobhain Oig, leag iad thu!
Eobhain Oig, leag iad thu!
Eobhain Oig, leag iad thu!
Gu'n fhios domh 's mi lamh riut!


Wearing my widow's dress
While these griefs round me press,
Mourning in deep distress,
Sadly I linger.
Oh, but my heart is wae!
Oh, how unlike the day
When first this circle lay
Fair on my finger!
Under my widow's weeds,
Oh, how my bosom bleeds,
Rider of gallant steeds,
Weeping, I mourn thee:
Ne'er shall my heavy heart
Have in earth's joys a part;
Death, with his fatal dart,
Sorely hath torn me.

On thy black bounding steed,
Riding with eager speed,
Slain by the milk-white steed,
Where it had thrown thee,
Oh, my young darling Hugh,
Slain e'er I ever knew;
Dead! oh, my dearest Hugh,
I must bemoan thee!

Composed by the bride-widow of EVAN or HUGH, Chief of MACKINTOSH, who was killed on his marriage day.
Translation by L. M. Good settings of this melody are given in LOGAN'S Collection, and Professor BROWN'S
"The Thistle."


26—AM FOIRNEADH—THE MOTHER'S EXHORTATION.

CHORUS.




KEY C. { s .m : d , l .- | d .d : s .m | s .m : d , r | m , s .- : l | s .m : d , l .- | s .d : s .f }
 Iseabail nach gabh thu furas? Iseabail nach dean thu tamh? Iseabail gu bheil thu giorach)
 Bella, will you not be quiet? Bella, why in such a whirl? If you do not marry Donald,


SONG.



{ m .r : d , r | m , s .- : l | s .m .- : d , l | s .m : f , r .- | s .d : t . l | s e .m : l }
 Mur a pos thu Donull Bàna. Geda thainig e gu laithibh Tha e laidir reachdor alan,
 Bella, you're a silly girl. You'll be happy yet together; Tho' he's old, he's stout and kind;



{ s .m .- : d , l | s .m : f , r .- | m .r : d , r | m , s .- : l | s .m .- : d , l | s .m : f , r .- }
 Na biodh iom'gain ort a b-alach, B' tu'd nuathair na gabh agath. 'S math do bhord a bhi gun ghainne,
 You a smiling wife and mother, He a husband to your mind. Better take him, rich and mellow,



{ m .d : t . m | s e .m : l | s .m .- : m , r | d , l : s .f | m .r : d , r | m .s : l }
 'S pailteas bainne aig do bhà, 'Seach bhi'n talce giullain shuarach. 'S e gun bhuail aig no bharr.
 And have wealth and cattle now, Than take some poor worthless fellow, Who has neither corn nor cow.

Gheibh thu deiseachan is riomhadh,
 Cha bhi d'fhàid ort, theid mi'n rath,
 'S fear duit sin na'n aice, is briodal
 Iain chrim a Dail-a-chhis.
 Tog dhe d' ionasirt feadh an tìge,
 Cha'n' eil math dhuit a bhi bàth;
 Glac an glaoac, 's glac an storac
 Tha cho deonach teachd s'd dhail.

Iseabail, mur gabh tìre 'n tairgse
 Fu' na feargach stut gu brath,
 Mur a cord thu nochd ri Donull
 Gabh mu d' chaisneat tìre an la.
 Grasa, gabh comhairle, 's cuir umad,
 Bidh an deise co gun dail,
 Nach biodh aileag ann do mhuineal
 Nuair a chaisneas e ort falld.


You'll get jewelry and dresses,
 And you'll never want for cash;
 Better that than mere caresses
 From wee John of Dalachash.
 What's the good of being saucy?
 Stop your fussing through the house;
 Take the wealth that offers, lassie,
 And be thrifty, wise, and crouse.

Bella, you will cause me sorrow
 If your chances you abuse;
 You may leave the house to-morrow
 If old Donald you refuse.
 Quick and dress, and show your graces;
 There, your man is coming, Miss;
 Now, don't you be making faces
 When he greets you with a kiss.

Sung by J. MURDO.


27—O THEID SINN—AWAY, AWAY.

CHORUS.




KEY D. { f: m . s | l : r | d' : m . m | s . f : m . r | d : m . s | l : r | d' : m . d | r : - | r }
 O | theid sinn, theid sinn | le snigeart agus aoidh, O | theid sinn, theid sinn | dedn - ach
 A - way, a - way | with a merry, merry lay, With song and heart - y | chor - us,

FINE.




{ m . s | l : r | d' : m | s . f : m . r | d : t . d' | r' : d' . t | l . s : f . m | r : - | r }
 O | theid sinn, theid sinn | thairis air an t-Sruidh, Gu | muinntir ar daimh | us ar | n - eòl - as.
 We'll cross the Forth, and | rivers of the north, A - way | to the land that bore us.

SONG.



{ m . r | d : d' | d' : - . d' | r' . d' : t . l | l . s . - : s | l : r' | r' : - . m' | r' : - . d' | l }
 Ged | bha sinn bliadhn - tan | fa - da fa - da bhuath, Am | Bai - le Chluaidh a | còmh - nuidh,
 Though we may roam | far from our Highland home, Where Clyde's brown flood is | swell - ing,

D.C.



{ f : t | d' . d' : d' . r' | d' : t . l | s . f : m . r | d : r . m | l : s . m | l . s : f . m | r : - | r }
 Car | tamul beag gun treig sinn ar | gairm 'ns gun teid sinn, A | dh' fhaotainn an graidh 'us an | eòmhraidh.
 We'll seek our native vales, And we'll hear the Highland tales, That the friends of our childhood are telling.

'Us chi sinn an caol, air 'm faca sinn, le gaoith,

Na bataichean aotrom seoladh;

'Us chi sinn na beanntan a gleidheadh sneachd 's
 an t-samhraidh,

'Us chi sinn na h-aimhnichean boidheach.

O theid sinn, &c.

'Us chi sinn na glinn, mu'n ait 's an d'rugadh sinn

'S am bitheadh sinn aotrom gorach;

'Us chi sinn na coilltean, le aighear is toil-inntinn

'S am bitheadh sinn a cluinntinn an smeorach.

O theid sinn, &c.

Again we'll view the places that we knew—

The bay with boats in motion,

The mountains all sublime with their snow in
 summer time,

And rivers rolling down to the ocean.

Away, &c.

We'll see each ben, and bonnie, bonnie glen,

And wander through the wild wood,


Where the thrush on leafy spray warbles all the
 live-long day,

Where we used to play in childhood.


Away, &c.

Gaelic words by the late JOHN MUNRO, Glasgow.

28—LINN AN AIGH—THE HAPPY AGE.



KEY. f. r | l : - . l : l . m | f . m : r : - . s | f . s : l : - . f' | m' . m' : r' : - . }
 C. { An uair bha Gàilig aig na h-eòin Bha'm balnne air an lòn mar dhrùchd }
 When all the birds in Gaelic sang Milk lay like dew up - on the lea;



{ . t | m' : - . r' : t . l | f . m : s : - . t | r' . m' : l : - . d' | m . m : r : - . }
 A mhlil a' fàs air bàrr an fhraoich, A h-uile nl cho saor 's am bùrn.
 The heath - er in - to honey sprang, And everything was good and free.

Cha robh daoin' a' paidheadh màil;
 Orra cha robh càin no cìs—
 Iasgach, sealgach agus coill
 Gun fhoighneachd aca 'us gun phrls.

Cha robh cogadh, cha robh còmhstri;
 Cha robh cònsachadh no streup ann;
 H-uile h-aon a' gabhail còmhnuidh
 Anns an t-seòl 'bu deòin leis fhéin e.

Cha robh guth air crìch no tòir;
 Bha gach dùil 'tigh'n'n beò an sìth;
 Feum 's am bith cha robh air mòd,
 'Us lagh na còrach air a' chridh'.

Dh'òr no dh'airgid cha robh miagh;
 Sògh 'us fialachd air gach làimh;
 Cha d' fhiosraich bochduinn duine riamh,
 Nì 's mò a dh' iarr neach riamh cuid chàich.

Bha caoimhneas, comunn, iochd 'us gràdh
 Anns gach àit am measg an t-sluaigh,
 Eadar far an d' éirich grian
 'Us far an laidh i nìar 's a chuain,

An uair bha Gàilig aig na h-eòin.

No tax or tribute used to fall
 On honest men, nor any rent;
 To hunt and fish was free to all,
 And timber without price or stent.

There was no discord, war or strife,
 For none were wronged and none oppressed;
 But every one just led the life
 And did the things that pleased him best

All lived in peace, there was no sort
 Of prey or plunder, feud or fight;
 There was no need for any court—
 Their hearts contained the law of right.

For gold or silver no one cared,
 Yet want and woe were never near;
 All had enough, and richly fared,
 And none desired his neighbour's gear.

Love, pity, and good-will were spread
 Among the people everywhere,
 From where the morning rises red
 To where the evening shineth fair,


When all the birds in Gaelic sang.

29—CUIR A CHION DILIS—FAIREST AND DEAREST.

CHORUS.




KEY D. { M :- f : s | l :- : t | d' :- m' : r' d' | t :- : l | s : m : d' | t :- : l | s e : m : l | l, :- }
Cuir, a chion di - lis, di - lis, di - lis, Cuir, a chion di - lis, tharam do lamh;
Sweetest and dear - est, fair - est, dear - est, Take me, my dar - ling, now in thine arms;




{ l, t, | d :- r : m f | s :- f e : s | l :- t : d' | t :- : l | s : m : r d | m :- r : t, | d :- r : t, | l, :- ||
Do ghorm shuill thairis a mhealladh nam mill-tean, B'amaideach mi 'nuair thug mi dhuit gradh.
Thy red lips are smiling, thy blue eyes beguiling; Would that I ne'er had gazed on thy charms.

SONG.



{ l | d' :- r' : m' | m' :- m' : f' | m' : r' : d' | t :- : l : s | d' :- t : d' | r' :- d e' : r' | m' :- r e' : m' | m' :- }
Rinn deisead do phearsa nach fhacas a thuairmeas, 'Giomachd fo'n chuach-chultha canagach tìà,
Thy beauty and brightness and lightness in going Under the bon-nie brown waves of thy hair,



{ d : r' | m' : f' : m' : r' d' | r' : m' : r' : d' t | l : s : f : m d' | t :- : l | s : m : r d | m :- r : t, | d :- r : t, | l, :- ||
Rinn dealradh do mhaise 'us lasadh do ghruaidhean, Mise ghrad-bhualadh thairis gu làr.
Thy lips red and luscious, and blushes bright glowing, Smote me with love and sweetest despair.

Do dhearc-shuillean glana, fo mhala gun ghruaimean,

'S daingean a bhuail iad mise le d' ghràdh.

Do ròs-bhilean tana, seimh, farasda suairce,

Cladhaichear m' uagh mur glac thu mo lamh.

Their fuasgladh air m' anam, o'n cheangal is cruaidhe;

Cuimhnich air t' uaisle, 's cobhair mo chàs;

Nàibiodhams a'm thràill dhuit gu bràth o an uair a's;

Ach tiomaich o chruas do chridhe gu tìas.

Cha 'n fhaodar leam cadal, air leabaidh an uaigneas,

'S m' aigie 'g a bhuaireadh dh' oidhche 's a là;

Ach annir a's binne, 's a's grinne, 's a's suairce,

Gabh-sa dhìom truas 'us bithidh mi alàn.

Thy blue eyes soft beaming and gleaming, my treasure,

Lips like the rose in the dew of the morn,

With passion have filled me, and thrilled me with pleasure;

Death is my doom if I suffer their scorn.

Thy charms are ensnaring, despairing I languish;

Free me—remember how noble thou art;

No longer enslave me but save me from anguish:

Love, sweetest love—let it soften thine heart.


For me there's no sleeping; but weeping, grief-laden,

Midnight and morning with sorrow I dwell;


But, oh! should my sweetest and neatest young

Pity and love me, I soon should be well. [maiden

30—A CHAILINN THA TAMH MU LOCH EITE—THE LASS BY LOCH EIVE.




KEY F. (♭) : d' . l | s : m : r . d | d : - . r : m . f | s : - . l : s | s : m : d }
 SEISD—(Cha'n ell mi mar b'abh - aist la seachduin no Sàbaid, 'S cha }
 Dh'fhàs cianal air m'aig - ne bho'n thug mi 'chiad aire Do'n }
 CHORUS— I'm dreary on Sun - day, I'm wea - ry on Mon - day, And }
 A lovely young na - tive, from bon - nie Loch E - tive, Has }
 D.C.




{ m : - . r : d | r : m : s | l : - . s : | m . f | s : l : d' | r' : - . d' : r' }
 dùisg - ear á pràmh gu deagh ghleus mi; Bha àm ann 'us shaoil mi nach }
 chailinn tha tamh mu Loch Eite. I once had the no - tion, that for }
 noth - ing can wake me to glad - ness; filled me with love and with sad - ness. }

* First time end with F (dobh!); second time end with C (soh).



{ m' : - . r' : d' | d' : l : s | l : - . s : l | s : l : d' | r' : - . l | : : d' . r' }
 beanadh an gaol rium 'S nach maothaicheadh idir mo chridh' ris; Ach }
 love's strange e - mo - tion My heart was too careless and list - less; I've }



{ m' : d' : d' | r' : l : l | d' : s : s | l : t : d' | m : - . r : d | r : m : s | l : - . s : }
 chaochail am beachd sin 'us tha mi nis faicinn Gur deac - air e duine bhi strith ris. }
 changed that opinion, I've felt its do - minion, And find that its sway is re - sist - less. }

Aig coinnimh na h-bigrìdh 's ann chuir mi 'n ceud eòlas

Air an òg-chailinn choimblionta, chiataich;
 'U's cha tig e an gradaig a mhùchas an t-sradag
 A rinn ise fhadadh 'n am chliabh-sa.

Cha dùth dhomh bhi luaidh air na feartan thug buaidh orm,

'S a mhosgail bho shuaimhneas gu bròn mi—
 A ghnis fhoinnidh, fhathail, a sùilean caoin, tairis,
 'S a binn-bheul o 'm blasta thig còmhradh.

Is finealta, uasal a beus 'us a ghasad;
 Is ceanalta, suairce a nàdur;

'N a pearsa cho loinneil, 'n a deise cho sgoinneil—
 Cha 'n iognadh ged 's toigh leam a' ghràidheag.

'S e cuspair mo smointean a latha 's a dh'oidheche
 A dh' fhoillseachadh seòl air bhi rèidh rith',

'Chionn mur faigh mi a buannachd ri 'm bheò
 bith mi truaigh deth,

Fo sgàil dhuibh gun suaimhneas gun ìbhneas.

At a young people's meeting I first got her greeting,

This fair one for whom I am yearning,
 And her loveliness threw some love sparks in my bosom,

That still are unquenchably burning.
 The graces displayed in this charming young maiden

Are past all my powers of relation:
 Her smile that entrances, her bright loving glances,

Her artless and sweet conversation—
 Each feature and gesture, each fold of her vesture,

Each word and each motion discover
 She's peerlessly pretty, wise, modest and witty—

Dear lassie, no wonder I love her!
 Both sleeping and waking my heart it is aching;

To win her esteem I'll endeavour;
 And if my enslaver deny me her favour,

My life shall be clouded for ever.

New song by Mr M. MACFARLANE; translation by L. M. The air is known as "Airdh nam beas."

31—CRONAN—A LULLABY.

KEY A. { M : r : d | M : r : d | r : d : r | M : - : S }

Cag - ar - an, cag - ar - an, cag - ar - an gaol - ach,
Hush - a - by, dar - ling, and hush - a - by, dear, O.

{ M : r : d | M : r : d | r : d : t₁ | l₁ : - : s₁ }

Cag - ar - an, fogh - aint - each, fear de mo dhaol - ne
Hush - a - by, dar - ling will yet be a he - - ro;

{ s₁ : l₁ : t₁ | d : r : M | r : d : r | M : - : S }

Goid - idh e gobh - air dhomh, goid - idh e caoir - ich,
None will be big - ger, or brav - er, or strong - er:

{ f : m : r | d : t₁ : l₁ | s₁ : l₁ : t₁ | r : - : d }

Goid - idh e cap - ull 'us mart o na raoin - tean.
Lull - a - by, lit - tle one, cry - ing no long - er.

Cagaran laghach thu, cagaran caomh thu,
Cagaran odhar, na cluinneam do chaoine;
Goididh e gobhair 'us goididh e caoirich,
Goididh e sithionn o fhireach an aonaich.

Dean an cadalan 's dhùin do shùilean,
Dean an cadalan beag 'na mo sgùrdaich;
Rinn thu an cadalan 's dhùin do shùilean,
Rinn thu an cadalan, slàn gu'n dùisg thu!

Thuit e 'na chadalan thuit e 'na shuaineam;
Cairisidh einglean gu cairdeil mu'n cuairt da;
Cluinnidh e'n guthan a cagar 'na chluasan,
'S bithidh fiamh-ghàire air gràdhan 'na bhruadar!

Lullaby, little one, bonnie wee baby,
He'll be a hero and fight for us maybe;
Cattle and horses and sheep will his prey be:
None will be bolder or braver than baby.


Softly and silently eyelids are closing;
Dearest wee jewel, so gently he's dosing;
Softly he's resting by slumber o'ertaken;
Soundly he's sleeping and sweetly he'll waken.

Placidly, peacefully, slumber has bound him;
Angels are lovingly watching around him—
Beautiful spirits, his sorrow beguiling,
Sweetly they whisper, and baby is smiling!

The three first verses of the Gaelic are relics of an old Lochaber lullaby.

32—BAN-RIGH BHICTORIA—QUEEN VICTORIA.

CHORUS.




KEY Bb. {s₁.s₁ | d : m.r | d : s₁.t₁ | d : s₁.f₁ | m₁.d₁:d₁.d | r.m:f.m | r : l₁.de }
Cuiribh fonn air an dàn so an can-ain ar n-aithrichean, 'Us togaibh leam an t-seisid ao, gu'
Now a bold and sonorous good chorus from Highlanders: Ring out your hearty cheers, Mountain-




{r : l₁.s₁ | f₁.r₁:r₁.t₁ | d : m.r | d : s₁.t₁ | d : s₁.f₁ | m₁.d₁:d₁.m₁ | r₁.m₁:f₁.s₁ }
h-eutrom's gu caithreamach; Tha clanna nan Gaidheal tha tamh measg nam mor-bheanna, Le durachd ag cur
eers and brave Islanders; All join this refrain, for the reign, long and glorious, The royal rule of


SONG.



{l₁.t₁:d.l | r : l₁.s₁ | f₁.r₁:r₁.t₁ | f | m.d:s.d | l.d:s.d | m.d:s.d }
falt air a' Ehan-righ'n Victoria. Tha Sasann doirtheadh mach a h-òir a storasaibh gu
blessings full, the good Queen Victoria's. The Saxon land, with lavish hand, has shown her liber-



{m.d:d.m | f.r:l.r | t.r:l.r | f.s:l.s | f.r:r.f | m.d:s.d }
finghantach; An Eirinn fhein a' deanamh streip a mi-thlachd gheura thiomachadh; Na Cuimrich agus
al-i-ty; Ev'n Erin's Isle resumes her smile of sweetest, rarest quality; On Lowland dales and



{l.d:s.d | s₁.l:d.r | m.d:d.s | l.f:s.m | f.r:m.de | r : l₁.s₁ | f₁.r₁:r₁.t₁ }
Goill na h-Alb' cur aird air mar is urrahn daibh, A choisircagadh gu h-uasal falaidh bliadhna na h-iubhl!
hills of Wales, that ancient Principal-i-ty, This Jubilee they keep with glee, and free cordial-i-ty!

Ach sinne, Gàidheil nan crìochan garbh,
Is tearc 's an àm ar fìneachan;
Is eutrom, falamh, fàs, gun òr,
Ar pòcannan 's ar n-ionmhasan;
Cha'n e ar nòs bhì spàideil, spòrsail,
Bruidhneach, bòsdail, mìodalach,
'Us tairgidh sinn, mar sin, do'n Phànrigh'n
Làn-ghradh ar cridheachan.

Gun lìon i mòran Rìthean fhathast
Cathair àrd nam Breatnunnach;
Gu'n fàs a càirdean lìonmhor, Èn;
Gu'n faigh a nàmhaid beagachadh;
Gu'm meal i sonas, gràdh an t-sloigh,
'Us glòir 'n a Rìthibh deircennach;
'S ma leanas iadsan thig 'n a dèigh
'N a ceumaibh cha 'n cagal duinn.

Am measg nan linn a b' àirde glòir,
Le'n daoine mòra, foghainteach;
Am measg nam fìne choisinn cliù
Fo rìghrìbh eileil, comasach—
A dh'aindeoin beachd nan eachdraichean—
Gu deimhin, 's iad na roghainn-sa
Ar cinneadh fein, an linn a tha
'S ar Bànrigh'n Victoria.

But we the Gaels, in lonely vales
Beyond the frowning Grampians,
Though clansmen true, are poor and few,
Bereft of chiefs and champions.
Though we've been proud and never bowed
With praises loud to royalty,
Our Queen and laud shall aye command
Our hand, heart and loyalty.
Long may she reign o'er land and main,
No loss or pain distressing her,
Her friends increasing, foes decreasing,
Health uncasing blessing her;
Long may her people shower upon her
Love and honour merited;
May sons unborn her virtues see
By kings to be inherited.

Of every age upon the page
Of Britain's sage historian,
For this we claim the highest fame,
This age we name Victorian;
And surely none such victories won
So wisely, bravely, humanly;
And than our Lady none has been
More quently or womanly.

Gaelic song written for this collection by Mr M. MACFARLANE.



Demy 8vo.

352 Pages.

Art Cloth, Gilt Top, Rough Edges.

Price, 15/- Net.

THE KIRKCALDY BURGH RECORDS

WITH

THE ANNALS OF KIRKCALDY

And Many Extracts from Curious Ancient Manuscripts from
the Days of Queen Mary.

Crown 8vo.

Price 5/6 including postage.

THE CELTIC WHO'S WHO

Workers in Celtic Literature, Music, and Art.

Members of Celtic Societies in Wales, Scotland, Man,
Brittany and Cornwall.

Lists of Addresses, Publications, and personal details.

BOOKS FOR LEARNERS

GUIDE TO GAELIC CONVERSATION AND PRONUNCIATION.

With Dialogues, Phrases, Letter Forms, and Vocabulary.

Crown 8vo.

Cloth.

1/6 net.

The best instruction for those who wish to become acquainted with the language.—OBAN TIMES.

LESSONS IN GAELIC

With Vocabulary and Key.

Crown 8vo.

Cloth.

1/6 net.

Clear, concise, and thorough.—OBAN TIMES.

TO BE HAD FROM ENEAS MACKAY, STIRLING.

Books by Lachlan Macbean. Sold by Eneas Mackay, Publisher, Stirling

JUST PUBLISHED.

PRICE 5/-

Buchanan, the Sacred Bard of the Highlands

THE POEMS OF DUGALD BUCHANAN, rendered into English Verse, and his CONFESSIONS, with his Picturesque Life, and an Analysis of his Poetic Forms.

Buchanan is the most sublime of all the Gaelic bards, and his works are here reproduced in English verse with all the force and fervour of the original. The lofty imagery of "The Day of Judgment," the shrewd incisiveness and virile power of "The Skull," the striking picture of "The Hero," or ideal man, and the philosophy of life embodied in the many-coloured stanzas of "The Dream," are worthy of the race whose mentality they so vividly express.

In the "Confessions," on the other hand, we see unveiled the dramatic struggles of the human spirit agonising for deliverance. In this case, complicated by a terrible episode in which the romantic Rebellion of the Clans who followed Prince Charlie in 1745, resulted in a parallel tragedy in the experience of this poet.

This is the first complete Edition of Buchanan's Works and his Life.

An admirable English version of the Spiritual Songs.—THE SCOTSMAN.

Here is a type of spiritual experience to which we are strangers, to which our own time offers no parallel. Among the human documents of enduring interest and psychological value.—THE TIMES.

A valuable contribution to our knowledge of the byeways of Scottish religion in the eighteenth century.—THE BRITISH WEEKLY.

Conveys to the English reader the precise sentiment, as nearly as may be, of the Gaelic original. Mr Macbean's prefatory sketch of the poet's life is of absorbing interest.—GLASGOW HERALD.

Price 5/-

Beautifully bound in rich cloth—gilt top
—uncut edges—coloured plates.

THE STORY —OF— PET MARJORIE

THE IMMORTAL WONDER-CHILD AND
PLAYMATE OF SIR WALTER SCOTT.

*Her newly-discovered Journals and Portraits. Numerous Illustrations.
Facsimiles of Child's Letters.*

To those who would know perhaps the most attractive child of whom record has been written, we would say—Read this book.—THE ACADEMY.

Here we are able, for the first time, to read the complete writings of "the darling child."—DAILY CHRONICLE.

The immortal child! A very welcome volume.—DAILY MAIL.

Literature never paid so much homage to one so young.—SCOTSMAN.

A charming record it surely is.—T.P.'S WEEKLY.

A book that will be very welcome to all lovers of Sir Walter Scott.—PALL MALL GAZETTE.

This book makes charming reading.—DAILY TELEGRAPH.

We confess to being among those for whom Mr Macbean has prepared this book, "who have longed to know more of Pet Marjorie."—LITERARY WORLD.

Her diaries and verses, quaint and delightful in the extreme, are here published in full.—ST JAMES' GAZETTE.

Marjorie's original diaries have come to light, and the book has been largely re-written.—THE TIMES.